

## Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis air Diciadain 2 Samhain 2022 aig 10.30m.

### An làthair:

Mgr C Aitken (air astar)

Mgr I MacIlleDhuinn

Mgr P Logue

Mgr U MacAoidh (air astar)

Mgr D Mac a' Mhuilleir (air astar)

Mgr C Rothach

A' Bh-uas M NicPheadrais

A' Bh-uas I Chaimbeul (air astar)

### A' frithealadh na coinneimh:

A' Bh-uas K Lackie, Àrd-Oifigear Gnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas

A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas S NicIlleInnein, Prìomh Rianaire

A' Bh-uas R Ros, Rianaire Comataidh

### Cuideachd a' frithealadh na coinneimh:-

Mgr S Whannel, Stiùiriche an Fhoghlaim, Bòrd na Gàidhlig (air astar)

**Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.**

## Mgr C Rothach anns a' Chathair

### Gnothach

#### 1. Leisgeulan

Ghabhadh leisgeulan às leth Mhgr R Bremner, na M-uas S Fanet, Mhgr J Grafton, na M-uas L Niven, na M-uas M Nolan agus Mhgr R Stiùbhart.

#### 2. Foillseachaidhean Com-pàirt

Cha robh foillseachaidhean com-pàirt sam bith ann.

#### 3. Naidheachdan Matha

Thug an Cathraiche seachad na naidheachdan matha a leanas:-

- Bha Maoin Calpa Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba air £594,000 a thoirt seachad airson Aonad Gàidhlig aig Bun-Sgoil an Àth Leathainn san Eilean Sgitheanach agus £800,000 airson Aonad Gàidhlig 3–18 aig Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich.
- Bha Riaghaltas na h-Alba air grunn gheallaidhean a dhèanamh a thaobh na Gàidhlig agus Albais le Co-chomhairleachadh air Bile nan Cànan Albannach. Dheidheadh Bùth-obrach Bhall a chumail, air-loidhne, air 8 Samhain eadar 1.30–3f.

- Soirbheachasan Mòd Nàiseanta Rìoghail Pheairt – chaidh faisg air 70 duais a bhuannachadh le farpaisich bhon Ghàidhealtachd agus sin a’ gabhail a-steach 27 ciad duais, 29 dàrna duais agus 13 treas duais. B’ i Anna Catrìona NicDhòmhnaill às an Eilean Sgitheanach a bhuannaich Bonn Òir a’ Chomuinn Ghàidhealaich. Fhuair Anna Catrìona Foghlam tron Ghàidhlig ann an Sgoil Stafainn agus ann an Àrd-Sgoil Phort Rìgh.
- Tha Deasbad Nàiseanta Loganair nan Àrd-Sgoiltean Gàidhlig air tilleadh airson 2022 agus bidh na sgoiltean a leanas bhon Ghàidhealtachd a’ gabhail pàirt: Acadamaidh Inbhir Narann, Àrd-Sgoil Loch Abar, Àrd-Sgoil Phort Rìgh, Àrd-Sgoil Gheàrrloch, Àrd-Sgoil Àird nam Murchan, Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis A agus Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis B.
- Bha tachartas Cànan is Cultar Gàidhlig Gheàrrloch air a chumail gus fiosrachadh is comhairle mu bhuannachdan dà-chànanaich agus mu Fhoghlam tron Ghàidhlig a thoirt do phàrantan.
- Bha Bun-Sgoiltean Stafainn agus Chille Mhoire air maoinachadh £4000 fhaotainn tro sgeama maoinachaidh Taic Freumhan Coimhearsnachd aig Bòrd na Gàidhlig. Cuiridh am maoinachadh taic ri prògram thachartasan is chleasan dhan dà sgoil, eadar clubaichean às dèidh sgoile agus tachartasan cultarail. Bidh am pròiseact a’ tighinn gu crìch san Ògmhios 2023.
- Cuairt Leugh is Seinn le Linda sa Ghàidhealtachd – thadhail Linda NicLeòid air mu 20 sgoil is coimhearsnachd sa Ghàidhealtachd agus air buidhnean Pàrant is Pàiste agus Cròileagain.
- Chaidh dà sheisean trèanaidh Mothachadh mun Ghàidhlig a chur air dòigh do Bhuill Thaghte uile. Bhiodh an dà sheisean rim faotainn air-loidhne airson dà mhìos.
- Bha pannalan fiosrachaidh dà-chànanaich gu bhith a’ dol an-àird aig an Ionad Luchd-tadhail ùr aig Bodach an Stòir san Eilean Sgitheanach.

Chuir na Buill fàilte air an liosta de Naidheachdan Matha, gu h-àraid soirbheachasan a’ Mhòid Nàiseanta Rìoghail agus chaidh moladh gun deidheadh litrichean meal an naidheachd a chur chun an luchd-buannachaidh. Bha na soirbheachasan seo a’ sealltainn gun robh cànan na Gàidhlig ann an deagh shlàinte. Chuir Buill cuideachd an cèill briseadh-dùil nach robh eadar-theangachadh mar-aon aig Comataidh na Gàidhlig tuilleadh, ach chaidh innse dhaibh gun robh oifigearan a’ sgrùdadh dè na modhan ICT a dh’obraicheadh gus am b’ urrainnear seo a thabhann fhathast.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a’ Chomataidh **FA-NEAR** dha na Naidheachdan Matha; agus
- ii. **DH’AONTAICH** a’ Chomataidh gun cuireadh a’ Chomhairle meal an naidheachd air luchd-buannachaidh a’ Mhòid Nàiseanta Rìoghail.

#### 4. Taisbeanadh – Bòrd na Gàidhlig – Planadh Cànan Gàidhlig do dh’Ùghdarrasan Ionadail

Thug Mgr Jim Whannel, Stiùiriche Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig, seachad taisbeanadh air planadh cànan Gàidhlig do dh’ùghdarrasan ionadail. Thug e iomradh air a’ phròiseas is air na prìomhachasan airson phlanaichean Gàidhlig agus chuir e an cuimhne nam Ball gur e Comhairle na Gàidhealtachd a’ chiad ùghdarras ionadail a bha air plana Gàidhlig a leasachadh agus gun robh a’ Chomhairle a-nis a’ coimhead air adhart ris a’ cheathramh deasachadh. Chuir e an cèill gun robh planaichean Gàidhlig fìor chudromach agus gun robh e riatanach dèanamh cinnteach gun robh a’

Ghàidhlig air a daingneachadh ann am poileasaidhean, modhan-obrach is àiteachan-obrach air fad gus an cànan a dhèanamh àbhaisteach. Cuideachd, bha e cudromach obrachadh còmhla ri ùghdarrasan poblach eile, buidhnean prìobhaideach agus buidhnean san Treas Roinn gus mothachadh a thogail mu iomchaidheachd cànan is cultar na Gàidhlig. Chaidh fiosrachadh a thoirt an uair sin do Bhuill mu shuidheachadh làithreach PnG4 aig Comhairle na Gàidhealtachd agus gun robhar an dòchas gun cuireadh Bòrd na Gàidhlig taic ris san Ògmhios 2023.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- Bha àireamhan thidsearan a-nis aig ìre èiginneach agus bha e doirbh do Chomhairle na Gàidhealtachd cuid de dhreuchdan a lìonadh. Bha cuideachadh bho Bhòrd na Gàidhlig riatanach. Bha e cudromach tidsearan Foghlam tron Ghàidhlig a bhrosnachadh gus tighinn air adhart no cha dèanadh a' Ghàidhlig adhartas no, na bu mhiosa, dheidheadh i air ais;
- Chaidh taic a chur ri bhith a' toirt na Gàidhlig am measg a' mhòr-shluaigh;
- Bha e cudromach a' Ghàidhlig a ghleidheadh seach gun robh i na pàirt de dhualchas na Gàidhealtachd;
- Bha a' Ghàidhlig fhathast beothail ach dh'fheumadh targaidean a bhith freagarrach agus fìor-reachdail; agus
- Dh'fhaodadh mòran a bhith air a choileanadh tro cho-obrachadh.

Às dèidh taing a thoirt do Mhgr Whannel:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan taisbeanadh; agus
- ii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun deidheadh geàrr-chunntas de na ceumannan a bha air an cleachdadh le Bòrd na Gàidhlig gus barrachd thidsearan a bhrosnachadh airson Foghlam tron Ghàidhlig a chuirteachadh chun na Comataidh.

## 5. Coileanadh mu Choinneamh Plana na Gàidhlig 3 (PnG3)

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/10/22 le ceann-latha 28 Sultain 2022 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Chaidh seiseanan Mothachadh mun Ghàidhlig a thoirt seachad aig toiseach na Dàmhair agus bha iad fosgailte do Bhuill Thaghte uile. Bha na seiseanan air còrdadh ris na bha an làthair ach bha na h-àireamhan gu math ìosal. Bhiodh na seiseanan trèanadh rim faotainn air eadra-lìon nam Ball gus cothrom a thoirt do dhaoine an trèanadh a dhèanamh aig àm freagarrach agus bha e cudromach seo a chur an cuimhne nam Ball.

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

## 6. Prìomh Leasachaidhean Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/11/22 le ceann-latha 18 Dàmhair 2022 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- Chaidh moladh a dhèanamh air obair an sgioba Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd. Ach, gu h-àraid a thaobh chlasaichean Ionnsachadh Gàidhlig Inbheach, chaidh moladh gum b' urrainnear barrachd a thoirt seachad air-loidhne, gu h-àraid seach gun robh daoine fhathast iomagaineach mu bhith a' tighinn còmhla às dèidh Covid;
- Chaidh taic làidir a chur ri bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean cùraim is còmhnaidheach agus chaidh moladh gum faodadh sgoiltean Foghlam tron Ghàidhlig com-pàirt a ghabhail agus ceangal a thogail le daoine nas sine a bha a' bruidhinn na Gàidhlig;
- Chaidh fiosrachadh iarraidh, agus a thoirt seachad, a thaobh mar a bha Comhairle na Gàidhealtachd a' togail ceangal le pàrantan aig an robh ùidh ann a bhith a' clàrachadh an cuid chloinne ann am Foghlam tron Ghàidhlig;
- Bha e cudromach gum biodh a' Ghàidhlig follaiseach air làrach-lìn na Comhairle, gu h-àraid tro na meadhanan sòisealta; agus
- Bha cùrsa SpeakGaelic a-nis air tighinn an àite a' chùrsa Ulpan a bha a' Chomhairle air a chleachdadh roimhe. Bha taic ri fhaotainn do Bhuill sam bith a bha airson com-pàirt a ghabhail, an dàrna cuid gu pearsanta no air-loidhne.

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

## 7. Leasachadh na Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/12/22 le ceann-latha 24 Dàmhair 2022 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

A' toirt iomradh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig, dh'innis an Cathraiche gun robh Bòrd na Gàidhlig air co-chomhairleachadh a chumail agus gun robh 65% de na buidhnean is na daoine fa leth a bha air freagairt a thoirt seachad air aontachadh le slighe an dreachd phlana. Ach dh'iarr agus fhuair e fiosrachadh mu shusbaint freagairtean an 35% eile.

Às dèidh sin:-

- THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan tilleadh bhliadhnail a chaidh a chur gu Bòrd na Gàidhlig;
- THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do Phrìomhachasan Ro-innleachdail Bhòrd na Gàidhlig a dh'fheumadh a bhith air an gabhail a-steach do Phlana Gàidhlig ùraichte Chomhairle na Gàidhealtachd; agus
- DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun deidheadh bùth-obrach a chumail gus beachdachadh air an dreachd fhreagairt dhan cho-chomhairleachadh air Gàidhlig agus Albais agus na Cànanan Albannach.

## 8. Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig – Comhairle na Gàidhealtachd

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/13/22 le ceann-latha 18 Dàmhair 2022 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingean a leanas:-

- Chaidh iomradh a thoirt air Mòd Ionadail Ghallaibh agus chaidh meòrachadh gun robh e tlachdmhor clann a chluinntinn a' còmhradh sa Ghàidhlig. Ach,

chaidh iarraidh air Buill beachdachadh air dè na gnìomhan a dh'fhaodadh a bhith air an dèanamh gus taic a chur ri leasachadh Foghlam Gàidhlig seach gun robh Comataidh na Gàidhlig air beachdachadh air a seo roimhe. Chaidh fiosrachadh iarraidh agus a thoirt seachad a thaobh mar a bhathar a' cur seo air adhart;

- Bha e cudromach meòrachadh air cho fada 's a bha a' Ghàidhealtachd air tighinn, gu h-àraid sna 30 bliadhna mu dheireadh. B' urrainnear a-nis a' Ghàidhlig a chluinntinn san raon-chluiche, fiù 's aig sgoilearan nach robh ann am Foghlam tron Ghàidhlig;
- Bha a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig aig aois thràth a' cuideachadh chloinn gus cànanan eile ionnsachadh; agus
- Bha e cudromach gun cuireadh a' Chomhairle taic ri FtG agus coimhearsnachdan.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do sholar Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Gàidhlig thar na Gàidhealtachd; agus
- ii. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do na raointean leasachaidh làithreach agus teachdail.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 12.30 f.